

## **Coròna-bhìoras (COVID-19): Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh – An t-Samhain 2021**

Tha *Frèam-obrach Ro-innleachdail COVID-19* againn a' mìneachadh diofar phàirtean na dòigh-obrach againn gus an galar lèir-sgaoilte a riaghladh ann an Alba. Bhon ùrachadh mu dheireadh air [an Fhrèam-obrach Ro-innleachdail san Ògmhios 2021](#), lasaich sinn cuingeadan san luchar agus san Lùnastal ach ghlèidh sinn grunn cheumannaan laghail a bharrachd air stiùireadh gus cuideachadh le bhith a' cumail smachd air a' bhìoras. An cois seo, tha prògram banachdachaidh COVID-19 againn air a bhith a' dol am meud.

Tha cùisean den bhìoras an-diugh fhathast aig ìre àrd agus tha cuideam leantainneach glè mhòr air an NHS againn a tha air a dhèanamh nas miosa le COVID-19. Tha sinn an dùil gum bi geamhradh dùbhlach romhainn, le seusan a' flù na chunnart sònraichte. Tha fios againn cuideachd gu bheil buaidh banachdach COVID-19 a' lùghdachadh thar ùine, a' daingneachadh an fheum air a' phrògram banachdach neartachaidh a tha a' dol an-dràsta.

Is ann an co-theacs cuideaman den leithid ris an robh dùil, agus an cunnart gun tèid àireamh nan cùisean COVID-19 an-àirde, a tha an t-ùrachadh seo air an Fhrèam-obrach Ro-innleachdail a' mìneachadh na dòigh-obrach as ùire againn air a bhith a' riaghladh a' ghalair lèir-sgaoilte. Gus an soirbhich leis an dòigh-obrach seo, feumaidh sinn ar n-oidhirp choitcheann a chumail suas, cumail ris na riaghailtean agus an stiùireadh, agus a' bhanachdach fhaighinn nuair a tha sin iomchaidh.

Le staid a' ghalair lèir-sgaoilte an-dràsta agus ar beachdachadh air suidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd, tha sinn a' breithneachadh gu bheil an rùn ro-innleachdail a tha a' stiùireadh ar freagairt ri COVID-19 fhathast iomchaidh: "a' bhìoras a chur sìos gu ìre far an urrainn dhuinn dèiligeadh ris a' chron a nì e, fhad 's a bhios sinn a' faighinn air ais agus ag ath-thogail airson àm ri teachd nas fheàrr."

Tha sinn a' creidsinn, le bhith a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil na h-eadar-theachdan againn a' lùghdachadh iomadh cron a' ghalair lèir-sgaoilte agus fhathast riatanach agus freagarrach, gun cuidich sinn Alba gus tighinn a-mach à ìre èiginn a' ghalair lèir-sgaoilte le comas faighinn seachad air agus ath-thogail airson beatha nas fheàrr, nas cothromaiche agus nas uaine san àm ri teachd. Tha na diofar eadar-theachdan a tha againn gu dèiligeadh ris a' ghalair lèir-sgaoilte air an comharrachadh anns na sia eileamaidean den Fhrèam Ro-innleachdail againn gu h-ìosal.

### **Banachdach**

Tha am prògram banachdaich fhathast a' dèanamh adhartas mòr agus tha e air sgaoileadh gu clann 12-17 bliadhna a bharrachd air a bhith a' toirt dhòsan neartachaidh do dhaoine a tha airidh air. Tha am prògram dòs neartachaidh a-nis a' sgaoileadh an cois a' phrògram banachdaich airson flù as motha a bh' ann a-riamh. Às dèidh comhairle fhaighinn bhon Cho-chomataidh air Banachdachadh agus Ion-dhìon (JCVI) air 15 Samhain, thèid banachdach a bharrachd a thabhann do dhaoine eadar 40 agus 49 bliadhna a dh'aois agus faodaidh iad an dòs aca a chur air dòigh a dh'aithghearr. Cuideachd, thèid an dàrna dòs den bhanachdaich a thabhann do dhaoine aois 16 gu 17 bliadhna.

### **Deuchainn agus Dìon**

Bidh àite cudromach aig Deuchainn agus Dìon ann a bhith a' bacadh sgaoileadh thairis air an fhoghar agus sa gheamhradh. Anns an fhad-ùine, mar a bhios sinn a' gluasad bho ìre èiginn a' ghalair lèir-sgaoilte gu bhith a' riaghladh COVID a bhios gnàthach san t-sluagh, bidh deuchainn fhathast na phrìomh phàirt den fhreagairt againn – gu sònraichte deuchainn airson cùram clionaigeach agus deuchainn airson sgrùdadh agus dearcnachadh. Bidh comas air aithneachadh ginteil agus dearcnachadh (a' toirt a-steach deuchainn air uisge òtrachais) deatamach ann a bhith a' faighinn fiosrachadh, agus a' lùghdachadh chunnartan

gun nochd mùthadh den bhìoras a nì a' chùis air gach dìon a th' againn na aghaidh no a dh'adhbhraicheas àrdachadh ann an cùisean de dhroch ghalar.

### **Ceumannan Dìon**

Tha grunn riatanasan laghail ann gus smachd a chumail air a' bhìoras. Tha seo a' toirt a-steach riatanas còmhach aghaidh a chaitheamh anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean poblach a-staigh agus air còmhachail phoblach (ach a-mhàin daoine aig a bheil saoradh). Chaidh sgeama teisteanas banachdaich a thoirt a-steach cuideachd airson cuid de shuidheachaidhean far a bheil cunnart sgaoilidh nas motha. A bharrachd air na riatanasan laghail sin, tha raon de stiùireadh ann airson daoine, gnìomhachasan agus buidhnean eile a chuideachadh gus cunnart sgaoilidh a lùghdachadh. Tha iad sin a' dèiligeadh ri cùisean leithid a bhith ag obair bhon taigh agus ceumannan dìon ann an sgoiltean. Air an cur còmhla, tha sinn den bheachd gu bheil na 'ceumannan bunasach' sin riatanach fhathast gus cron a' ghalair lèir-sgaoilte a lùghdachadh leis nach eil dìonachd bodhaige leis fhèin gu leòr fhathast. Tha sinn a' cumail oirnn ag ath-sgrùdadh gach ceum laghail gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fhathast riatanach agus iomchaidh. Ma dh'fhàsas an galar lèir-sgaoilte mòran nas miosa – mar eisimpleir, air sgàth banachdach a' lagachadh no mùthadh a sgaoileas nas luaithe agus a tha nas milltiche – bidh sinn ullaichte le eadar-theachdan cuimsichte agus iomchaidh, a rèir an t-suidheachaidh epidemio-eòlasach aig an àm. Tha sinn an dòchas nach bi feum air seo ach tha fios againn cuideachd gum faod eadar-theachd tràth, èifeachdach ciallachadh nach bi feum air ceumannan nas cruaidhe nas fhaide air adhart.

### **A' riaghladh cunnart gun tèid a' bhìoras a thoirt a-steach don dùthaich**

Thathar a' cleachdadh ceumannan crìche iomchaidh gus cuideachadh an aghaidh a' bhìoras tighinn a-steach agus gu sònraichte an aghaidh mùthaidhean ùra tighinn a-steach.

### **A' toirt taic do dhaoine a bhith a' leantainn nan riaghailtean**

Le bhith a' brosnachadh banachdach, deuchainn, agus cumail ri riaghailtean agus stiùireadh tha sinn ag amas air sgaoileadh a lùghdachadh agus an fheum air tuilleadh bhacaidhean a sheachnadh. Leanaidh sinn oirnn ag obair le ar com-pàirtichean san oidhirp cho-roinnte seo tro chonaltradh is margaidheachd èifeachdach, luchd-ùidh agus seòrsaichean taic eile. Tha cumail gu teann ris na riaghailtean fhathast deatamach airson smachd a chumail air a' bhìoras.

### **A' toirt seachad cùram agus taic gus cron na h-èiginn a lasachadh**

Is e prìomh eileamaid na dòigh-riaghlaidh againn air a' ghalar lèir-sgaoilte a bhith a' toirt cùram agus taic do na daoine, na buidhnean agus na gnìomhachasan sin a tha fo bhuidhe na h-èiginn. Gu sònraichte tha adhartas mòr ga dhèanamh ann an làimhseachadh COVID-19 agus 'COVID fada'. Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair gu dlùth le roinnean air feadh na h-eaconamaidh agus a' chomainn-shòisealta san fharsaingeachd gus taic a thoirt do lùghdachadh cron bhon ghalar lèir-sgaoilte. Còmhla, agus le taic bho oidhirpean leantainneach dhaoine, ghnìomhachasan agus buidhnean air feadh na h-Alba, tha sinn den bheachd gun urrainn dha na ceumannan sin cron nas fharsainge a' ghalair lèir-sgaoilte a lùghdachadh fhad 's a tha sinn cuideachd a' tionndadh ar n-aire gu ath-bheothachadh às dèidh COVID-19.

### **A' coimhead ris an àm ri teachd**

Tha sinn a' creidsinn gun cuidich na ceumannan seo, le taic bho oidhirpean leantainneach dhaoine, ghnìomhachasan agus buidhnean air feadh na h-Alba, sinn le bhith a' lùghdachadh cron nas fharsainge a' ghalair lèir-sgaoilte. Bheir seo cothrom airson ath-bheothachadh seasmach agus àm ri teachd nas fheàrr agus nas cothromaiche le fòcas air:

- obraichean matha, uaine agus obair chothromach;
- tèarainteachd ionmhasail airson dachaighean le teachd-a-steach ìosal; agus

- sunnd cloinne is dhaoine òga.

Feumaidh sinn leasan ionnsachadh airson an ama ri teachd, agus gun teagamh nì sinn sin – cuidichidh an rannsachadh poblach againn a tha ri thighinn le bhith a' mìneachadh dè a thachair agus carson, agus cuidichidh e sinn le bhith a' riaghladh dhùbhlàn coltach ri seo nas fheàrr san àm ri teachd.

Dh'fhaodadh gum bi riaghladh COVID-19 san àm ri teachd a' toirt a-steach banachdach fhaighinn bho àm gu àm, deuchainn leantainneach airson adhbharan sgrùdaidh, dearcnachaidh agus breithneachadh tinneis, ceumanna siubhail eadar-nàiseanta (a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha aig dùthchannan eile), gaotharachadh nas fheàrr ann an togalaichean, leantainn air adhart le ceumanna slàinteachais leasaichte, caitheamh saor-thoileach de chòmhdach aghaidh nuair a tha comharraidhean galair oirnn, agus fuireach far na h-obrach nuair a tha sinn a' fulang le tinneasan gabhaltach.

Bhiodh deagh bhuaidh aig na ceumanna agus giùlan sin a bharrachd air dìreach a bhith a' dèiligeadh ri COVID-19, le dùil ri buannachdan slàinte phoblaich, sòisealta agus eaconamach nas fharsainge san fhad-ùine. Tha a' mhòr-chuid dhiubh sin ann mu thràth anis, le taing do dh'oidhirpean agus tuigse a' mhòr-chuid de dhaoine. Tha sinn ag ionnsachadh cho cudromach 's a tha iad, agus mar as urrainn dhuinn tilleadh gu tomhas de bheatha àbhaisteach. Faodaidh sinn a bhith a' coimhead air adhart le misneachd a tha a' sìor fhàs gu cur às do na beagan cheumanna laghail a tha fhathast riatanach, fhad 's a bhios sinn a' cumail suas an dìon a tha sinn a' faighinn bho dheagh cheumanna slàinte phoblaich.